## *Ar Crìoch*

Se ’n cladh ’s an uaigh an dachaigh bhuan,
   Crìoch ar cuairt air thalamh —
Sa ghainmhich fhuair, paisgte suas
   Measg bhòrdan cruaidhe ’s anairt.

Cha chluinn sinn onfhadh aig a’ ghaoith
   A’ cuimhleadh feadh a’ mhachair,
Cha chluinn sinn monmhair thonn air tràigh
   Bhon dh’fhalbh gu bràch ar caithris.

Socair sàmhach anns an ùir
   Tha dùthchasach dha’r cnàimhean,
Cha dèan an eunlaith le’n cruit-chiùil
   Ar dùsgadh anns a’ mhadainn.

A chuid chaidh seachran air uaigh
   Tha doimhn’ a’ chuain a’ falach —
Cha bhi iad leithreachais air càch
   Nuair théid na sgàilean seachad.

From the 2000 book Smuaintean fo Eiseabhal: THOUGHTS UNDER EISEAVAL.
Edited and translated by Ronald Black.
Birlin Books Limited, Edinburgh. £7.99 ISBN 1 84158 108 9